



Tuairisgeul Obrach

Ainm na Dreuchd:	Oifigear Gàidhlig
Freagarrach do:	Ceannard, Fèis Rois
Uairean-obrach:	14 hours A' toirt a-steach an fheasgair is an deiridh-sheachdain mar a tha feum air. Tha Fèis Rois ag obair air bunait seachdain 4-latha, agus mar sin tha an dreuchd seo na dreuchd leth-ùine (0.5FTE).
Àit'-obrach:	Oifis Fèis Rois, Taigh MhicDhonnchaidh, Inbhir Pheofharain, IV15 9QR agus/no ag obair aig an taigh.
Tuarastal:	£15,366
Làithean-saora:	14 làithean sa bhliadhna a' toirt a-steach làithean-saora poblach
Peinnsean:	Thèid ur clàradh sa bhad ann an sgeime peinnsein Fèis Rois. Pàighidh sibhse 5% den tuarastal agaibh agus pàighidh Fèis Rois 5%.

Mu dheidhinn Fèis Rois

Air a stèidheachadh ann an 1986, tha Fèis Rois air tè de na prìomh- bhuidhnean ealain dhùthchasach ann an Alba. Na buidhinn bhig le buaidh mhòr, bidh Fèis Rois a' cruthachadh chothroman cudromach do dhaoine de gach aois pàirt a ghabhail ann an dual-cheòl agus sa Ghàidhlig. 'S e tha nar rùn sàr-chluich agus compàirt a bhrosnachadh sa h-uile seòrsa ealain dhualchasach, leithid taic ri cruthachas, tionnsgalachd agus cluich an là an-diugh ann an Ros is Cromba agus nas fharsainge.

Prìomh-fhàth Dreuchd an Oifigich Ghàidhlig

A bhith a' stiùireadh a h-uile raon de leasachadh na Gàidhlig airson Fèis Rois, na mheasg: cur an comas barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh is a mhealtainn san obair agus sa choimhearsnachd; a' meudachadh chothroman do dhaoine de gach aois aig a bheil gnothach ri Fèis Rois piseach a thoirt air an sgilean Gàidhlig; a' mòrachadh aire luchd-èisteachd is luchd-compàirt Fèis Rois air a' Ghàidhlig

Dleastanas

- A' cur air dòigh agus a' toirt aoigheachd do *Cearcall Còmhraidh* gach seachdain aig an làrach ann an Inbhir Pheofharain, bho 10f gu 12:30f gach Diardaoin.
- A' tòiseachadh agus a' toirt aoigheachd do sheisean ùr Gàidhlig airson pàrantan le clann-bheaga agus clann aois 0 gu 3 bliadhna.

- A' dealbhadh, a' leasachadh agus a' cur air bhog sreath ùr de thaisbeanaidhean ann an Inbhir Pheofharain air a bheil *"Ceòl is Coimhearsnachd."*
- *"Gàidhlig ann an Inbhir Pheofharain."* Ag obair le raon farsaing de chom-pàirtichean ann an Inbhir Pheofharain gus dèanamh cinnteach gu bheil an Gàidhlig follaiseach anns na comharrachadh *"Dingwall 800"* (a' comharrachadh 800 bliadhna bho chaidh Inbhir Pheofharain a dhearbhadh mar Bhaile Rìoghail ann an 2026) agus gu bheil àrd-ìre de chlàradh air a' chànan anns a' bhaile an dèidh sin.

Bhiodh tu cuideachd:

- A' planadh agus a' cur an gnìomh sgrùdadh agus measadh air an obair a thèid a dhèanamh.
- A' toirt seachad aithisgean sgrùdaidh agus measadh do luchd-maoineachaidh agus luchd-ùidh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd a' dol an sàs agus a' cur taic ris a' Phlana Gnothachais agus Plana Cànan Ghàidhlig aig Fèis Rois.
- A' cur air dòigh, a' cumail suas no a' gabhail pàirt ann an coinneamhan agus trèanadh ma dh'fheumar.
- A' toirt taic agus smachd don luchd-ciùil freelance a bhios air an cùmhnant airson na pròiseactan fo do chuideam.
- A' gabhail cùram de dhùthchasan eile mar a thèid iarraidh le Fèis Rois bho àm gu àm.

Sgilean is Eòlas Riatanach

- Fileanta ann am bruidhinn na Gàidhlig le sàr-Ghàidhlig sgrìobhte
- Sàr-sgileanan conaltraidh agus an comas air co-obrachadh gu h-èifeachdach le taghadh farsaing dhaoine
- Sgilean math coimpiutaireachd agus misneachd ann a bhith a' cleachdadh ghoireasan Microsoft Office, WordPress agus làraichean meadhanan sòisealta
- Comas air obair mar phàirt de sgioba beag agus dàimh a dhèanamh ri coimhearsnachdan, co-obraichean, luchd-compàirt a-muigh agus luchd-comainn
- Eòlas air grunn phrìomhachasan a làimhseachadh agus comas air obair taobh a-staigh ceann-ùine geàrr ach aig a' cheart àm le aire mhionaideach
- A' làimhseachadh buidseit a' phròiseict, na mheasg a' ceadachadh fhàirdealan agus a' cumail sùil air cosgaisean làitheil pròiseict

Sgilean agus Eòlas a b' fheàrr leinn

- Ceum oilthigh ann an cuspair buntainneach
- Eòlas-obrach roimhe ann an dreuchd choltach ann an roinn na h-ealain, leasachadh cànan, no nan saor-thoileach
- Cead dràibhidh làn agus càr
- Eòlas air togail airgid

Fearthan Pearsanta

Tha sinn a' sireadh neach:

- a sgrùdas is a dh'fhuasglas duilgheadas
- a smaoinicheas gu ro-innleachdail
- a tha fosgarra dàimheil
- a dh'atharraicheas cùisean a-rèir an t-suidheachaidh

- a tha co-obrachail ann an sgioba

Dìon Bhuidhnean Math

Feumaidh na tagraichan soirbheachail iarrtas sàr-DBM a lionadh le Disclosure Alba.

Mar a chuireas tu tagradh a-steach

Feuch gun cuir sibh ur cunntas-beatha agus 2 x thaobh A4 aig a' char as motha ag innse carson a bu mhiann leibh an dreuchd seo a lionadh, agus an t-eòlas freagarrach a bheireadh sibh don dreuchd, gu fiona.dalgetty@feisrois.org gun a bhith nas fhaide na, 24 Lùnastal.

Clàr fastaidh

- | | |
|--------------------|--|
| • 24 dhen Lùnastal | Ceann-latha |
| • 28 dhen Lùnastal | Agallamhan |
| • 29 dhen Lùnastal | Fios aig a h-uile tagraiche air a' cho-dhùnadh |

Iomadachd, Co-ionnachd agus inntigidh

Tha Fèis Rois dealasach a thaobh cruthachadh àrainneachd adhartach is aonach far a bheil a h-uile duine a' faireachdainn le urram agus le luach. 'S e buidheann in-ghabhalach a th' annainn agus tha sinn den bheachd gum bi ar n-obair nas làidire le barrachd iomadachd, agus mar sin, tha sinn a' cur fàilte air iarrtasan bho dhaoine a bheir diofar ris an sgioba againn.

Tha sinn a' cur fàilte air an neach gu lèir san àite-obrach, agus tha sinn a' tuigsinn gu bheil gach aon againn a' toirt ar n-eòlasan, ar cùl-raointean agus ar sealladh sònraichte fhìn dhan obair a nì sinn.

Tha sinn a' brosnachadh iarrtasan bho gach cùl-raon agus gu sònraichte bho dhaoine a tha fo- riochdachadh san roinn an-dràsta, nam measg daoine à coimhearsnachdan dubha no mion-chinnidh, tagraichean le ciorram, daoine LGBTQI++ agus/no an fheadhainn bho chùl-raon sòisio-eaconamach ìosal no a tha feumach air ullachaidhean obrach sùbailte.

Ma tha ceist sam bith agad mu dheidhinn ar h-àrainneachd obrach, na bi leisg fios a chur thugainn.

Ma thèid do thaghadh airson agallaimh, iarramaid ort innse dhuinn aig an ìre sin a bheil feumalachdan inntigidh agad no an robh feum agad air rèiteachadh reusanta airson agallamh no deuchainn (ma bhios sin iomchaidh).

Bheir sinn taic dhut fad na h-ùine gus dèiligeadh gu h-inntinneach ri rèiteachadh reusanta aig gach ìre den phròiseas taghaidh is fastaidh.

Tha am post seo air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig